

New Entrants to Farming

Introduction to Crofting



National Advice Hub
T: 0300 323 0161
E: advice@fas.scot
W: www.fas.scot



The European Agricultural Fund
for Rural Development
Europe investing in rural areas



Tòiseachadh air Croitearachd


Dè th' ann an croitearachd?

Tha croitearachd mar sheòrsa de chòir air fearann nach eil ach ann an Alba. 'S e tac beag àiteachais a th' ann an croit a bhios gu h-àbhaisteach air a chumail ann an gabhaltas agus air am faod no nach fhaod togalaichean a bhith no taigh co-cheangailte ris. Tha meud chroitean a' dol bho nas lughna na 0.5 hectair (ha) gu còrr air 50ha ach tha croit gu h-àbhaisteach nas fhaisge air 5ha. Tha na croitean as mothà còrr air 1,000ha. Tha 20,570 croit ann an Alba le 15,388 croitear fa leth. 'S e an croitear an neach-gabhall no neach-seilbh na croite. Gu h-àbhaisteach, tha an croitear a' cumail na croite air "cumhaichean reachdail", a tha a' beantainn ri gach gabhaltas croite agus gu h-àbhaisteach aig nach bi aonta sgrìobhte.

Dleastanasan croiteir

Tha dleastanasan reachdail ris am feumar cumail ann a bhith a' gabhall thairis croit. Tha còmhnaidheachd air a' chroit riatanach no feumaidh an croitear a bhith a' còmhnaidh taobh a-staigh 32km. Tha dleastanas ann gun dearmad a dhèanamh air a' chroit, a' chroit àiteach agus a chumail suas airson àiteachas no a cur gu feum gnothaicheil eile (me cleachdad sam bith aig nach eil droch bhuaidh air a' chroit, ùidh a' phobaill, ùidhean an uachdarain no cleachdad air fearann ri thaobh).

Demographics (Taken from the Commission's ROC)



Ciamar a tha croitean air an cleachdad?

Tha croitean gu minig nan aonadan pàirt-ùine. Fhad 's a tha croitean gu traidseanta air an cleachdad airson ionaltradh farsaing air crodh is caoraich, tha meudachadh ann an àireamhan a tha air an cur gu feum eile leithid tuathanachas gàrraidh coimearsalta, cumail sheilleanan, no àrach chearan. Faodaidh gabhall ris na cleachdaidhean eile sin cuideachadh le comas teachd-a-steach bho fhearann croite a mheudachadh.

Seachad air a' chleachdad àiteachais àbhaisteach, faodaidh croitean frithealadh mar bhunait airson measgachadh de fheuman gnothachais, leithid glampadh, ealain is ceàird ionadail, agus saor-làithean air croit. Tha na roinnean sin air fàs sònraichte fhaicinn sna bliadhnaichean mu dheireadh le croitearan a' coimhead ri calpachadh air a' mhargaid thurasachd.

Cò tha nan croitearan?

Mar a tha le tuathanachas, tha co-chuid mhòr de luchd-gabhall chroitean thairis air 60 bliadhna a dh'aois, le dìreach àireamh bheag sa cheud fo aois 40 bliadhna. Tha na bliadhnaichean mu dheireadh air meudachadh fhaicinn anns an àireamh de chroitearan boireannta agus nas òige.

¹(Coimisean na Croitearachd 2017)

Fearann ionaltraidh

Tha còrr air 1,000 ionaltradh anns na sgìrean croitearachd. 'S e pìos fearainn a th' ann am fearann ionaltraidh a tha air a roinn le àireamh de luchd-earrannan croite. Tha cleachdad air an fhearann ionaltraidh air a riaghlaidh le comataidh ionaltraidh, air a thaghadh leis an luchd-earrannan. Tha

cleachdadhe air an fhearrann ionaltraidh air a riaghlaodh le riaghailtean ionaltraidh, a tha air an rianachd leis a' chomataidh ionaltraidh. Tha sùmadh aig luchd-earrannan fa leth a tha a' riaghlaodh an àireamh de stoc a tha ceadaichte dhaibh ionaltradhe. Tha mion-fhiosrachadh mu earrannan is sùmadh ri fhaotainn ann an riaghailtean an fhearrann ionaltraidh. Gus cothrom a ghabhail air tabhartasan a tha rim faotainn, feumaidh comataidh ionaltraidh oifigeil a bhith suidhichte aig fearann ionaltraidh. Gus comataidh ionaltraidh a bhith aimichte, feumaidh e a bhith clàraichte leis a' Choimisean.

¹ Coimisean na Croitearachd 2017. Ri fhaotainn bho <http://crofting.scotland.gov.uk/facts-and-figures>

Coimisean na Croitearachd

Is e Buidheann Poblach Neo-roinneil (NDPB) a th' ann an Coimisean na Croitearachd le dleastanas airson riaghlaodh croitearachd. Tha an Coimisean air a dhèanamh suas de shia Coimiseanairean Croitearachd air an taghadh bho dhiofar raointean cruinn-eòlach anns na sgìrean croitearachd, agus trì Coimiseanairean air am fastadh le Riaghaltas na h-Alba.

Briathrachas Croitearachd

Tha àireamh de dh'abairtean ùra co-cheangailte ri saoghal croitearachd. Gu h-iosal, chithear geàrr-iomradh air na h-abairtean as cumanta a bhios tu buailteach fhaicinn.

Neach-seilbh/Neach-gabhall

- Bidh croitean air an gabhall no bidh iad ann an seilbh. Tha na riatanasan reachdail ceudna a' beantainn don dà chuid luchd-gabhall agus luchd-seilbh.

Di-chroiteadh/Ath-thòiseachadh

- Is e *Di-chroiteadh* an abairt a chleachdar airson a' phròiseis an lùib toirt fearann air falbh bho ghabhaltas croitearachd. Tha seo gu h-àbhaisteach dèante airson làrach taighe fhaotainn a tha freagarrach do dh'iasad coimearsalta.
- Coltach ri di-chroiteadh, is e *ath-thòiseachadh* toirt fearann air falbh bho ghabhaltas croitearachd; sa chùis seo, tha e air a choileanadh leis an uachdaran, a' leantainn air cead bho Chùirt an Fhearrainn ann an Alba.

Roinneadh

- Is e roinneadh an abairt air a chleachdadhu airson a tha cuideigin aig a bheil roinn ann am fearann ionaltraidh ag iarraidh pàirt den fhearrann ionaltraidh a thoirt air falbh airson an fheum fhèin.

Sònraichadh

- Is e sònraichadh an abairt a chleachdar gus iomradh a thoirt air gabhaltas croite bho neach-gabhall a ghluasad, ris an canar an 'neach-sònraichadh' no an 'neach-gabhall a-mach', gu pearsa den roghainn fhèin ris an canar an 'sònraiche' no an 'neach-gabhall ùr san amharc'.

Fo-gabhall

- Is e fo-gabhall an abairt a chleachdar gus iomradh a thoirt air an rèiteachadh far a bheil neach-gabhall croite a' ceadachadh do neach eile (aithnichte mar am fo-neach-gabhall) a' chroit iomlan no pàirt den chroit aca obrachadh agus/no na roinnean ann am fearann ionaltraidh airson ùine stèidhichte.

An Clàr Chroitean (ROC)

- Is e liosta poblach de chroitean a th' anns an ROC air a ghleidheadh le Coimisean na Croitearachd anns a bheil fiosrachadh bunasach mun chroit agus na daoine co-cheangailte ris. Chan eil mapadh no fiosrachadh mu chriochan croite san ROC, tha seo ri fhaotainn air a' chlàr chroitean a tha glèidhete aig Clàran Alba. Tha ROC a' Choimisein a-nis ri fhaotainn air-loidhne aig <http://www.crofting.scotland.gov.uk/register-of-crofts-roc>

An Clàr Chroitean

- Tha an clàr chroitean stèidhichte air mapa a tha a' solarachadh clàr coileanta a thaobh meud agus ùidh ann am fearann taobh a-staigh còir gabhalaits ann an Alba. Tha an clàr a' sealtainn nan criochan fearainn agus cuideachd fiosrachadh mun chroitear. Tha an clàr air a chumail suas le Glèidheadair Chlàran na h-Alba.
- Bu chòir tagraighean airson croit a chlàradh a chur a-steach gu Coimisean na Croitearachd. A thuilleadh air Foirm A a lionadh a gheibhearr aig [https://www.ros.gov.uk/services/forms/guidance-and-forms-feumar-cuideachd-mapa-soilleir-agus-so-leughte-a-sholarachadh,a-taisbeanadh-criochan-na-croite-faodaidh-mapaichean-a-tha-a-coileanadh-na-h-ire-riatanaich-am-faighinn-bho-ughdarrasan-ionadail-aitirean-agus-luchd-tomhais-agus-luchd-sgaoilidh-mhapaichean-na-Suirbhidh-Ordnais](https://www.ros.gov.uk/services/forms/guidance-and-forms-feumar-cuideachd-mapa-soilleir-agus-so-leughte-a-sholarachadh-a-taisbeanadh-criochan-na-croite-faodaidh-mapaichean-a-tha-a-coileanadh-na-h-ire-riatanaich-am-faighinn-bho-ughdarrasan-ionadail-aitirean-agus-luchd-tomhais-agus-luchd-sgaoilidh-mhapaichean-na-Suirbhidh-Ordnais).

An Cunntas Croitearachd

- A' leantainn air buileachadh an Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010, tha dleastanas air Coimisean na Croitearachd an Cunntas Croitearachd a sgaoileadh, a tha aithnichte gu reachdail mar am Fios Bliadhnaill.
- Is e riatanas laghail a th' anns a' Chunntas Croitearachd agus feumaidh croitearan uile a lìonadh 's a thilleadh gu Coimisean na Croitearachd. Tha aig Coimisean na Croitearachd ri foirm a' Chunntais Croitearachd a sgaoileadh gu croitearan-gabhall agus croitearan-seilbhe gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' gèilleadh do an dleastanasan.

Croit Measaichte

- Nuair a cheannaicheas croitear a f(h)earann agus gu bheil na h-earrannan ionaltraidh co-cheangailte ris a' chroit sin a' fuireach ann an gabhaltas, tha iad "measaichte" mar chroit air leth agus sònraichte nan còir fhèin.

Faotainn Croit


Tha àireamh de dhòighean air croit fhaotainn. Tha an clàr gu h-iosal a' toirt geàrr-iomradh air na dòighean as cumanta agus cuid de na riatanasan na lùib.

Seòrsa atharrachadh	Iomradh	Fios bho Choimisean na Croitearachd / aonta a dhith?	Clàradh Croit airson a' chiad turais
Sònrrachadh	Gluasad air gabhaltas croite bho chroitear-gabhall gu an neach-gabhall san amharc	Tha. Foirm Tagraidh airson Sònrrachadh Gabhaltas Croite	Tha
Fo-ghabhall	Gluasad gabhaltas croite bho chroitear-gabhall gu neach-gabhall ùr airson ùine stèidhichte.	Tha. Foirm Tagraidh airson fo-ghabhall air gabhaltas croite.	Chan eil
Atharrachadh seilbh – atharrachadh croitear-seilbhe	Ceannach na croite	Tha. Foirm fios mu atharrachadh seilbh air fearann croite.	Tha
Fo-ghabhall seusanail neo-fhoirmeil	Aonta neo-fhoirmeil cleachdte gu bitheanta.	Chan eil	Chan eil

Lorgar gabhaltasan is fearann croite a tha gan reic air an sanasachadh le àidseantan oighreachd ionadail, sna pàipearan ionadail no bho dhuine gu duine. Tha prisean gabhaltasan agus fearann croite glè dhiofraichte, a' tòiseachadh fo £10,000 gu corr air £200,000. Tha àite agus comas air taighean a thogail na phàirt mhòr den phriseadh air croitean; chan eil comas àiteachais cho cudromach ann an stèidheachadh pris. Gus a bhith airidh air tabhartasan sònraichte croitearachd, feumaidh tu a bhith nad chroitear-gabhall, fo-neach-gabhall no croitear-seilbhe.

Sgeamaichean Taic Croitearachd

Tha croitearan a tha gniomhach ann an àiteach le còrr air 3 heactairean de fhearrann airidh air na h-aon subsadaidhean a tha rim faotainn ris a' chòrr den ghniomhachas tuathanachais, a' gabhail a-steach Sgeama Pàighidh Bunasach, Uaineachadh, agus Sgeama Taic Sgìre nach eil cho ainmeil. Faodaidh croitearan cuideachd Sgeama Taic Chaoraich Aonach na h-Alba (SUSSS) a thagrath agus Sgeama Taic Chrodh-bainne na h-Alba (SSBSS). Tha sgeamaichean tabhartais ann cuideachd air an deilbh gu sònraichte mar bhuanachd do chroitearan. Gheibhear tuirisgeul goirid mu na sgeamaichean taic a tha rim faotainn le croitearan air an ath dhuilleig.



Sgeama Tabhartais Àiteachas Croitearachd (CAGS)

Tha an sgeama seo a' solarachadh thabhartasan do chroitearan gus leasachaidhean a dhèanamh air an croitean agus cuideachadh le an gnothachasan a chumail suas. Faodaidh maoinean suas ri £25,000 do chroitearan fa leth agus £125,000 do bhuidhnean chroitearan an cleachdad airson pròiseactan calpa, leithid togail no leasachadh air togalaichean àiteachais agus stèidheachadh air Comataidhean Fearann Ionaltraidh.

Tha reataichean tabhartais do chroitearan fa leth fo 41 bliadhna a dh'aois agus ann an gnothachas airson nas luga na 5 bliadhna aig 80% ann an Sgìrean Neo-ainmeil (LFAAn), agus 60% ann an Sgìrean nach eil Neo-ainmeil. Do chroitearan eile, tha na reataichean 60% ann an Sgìrean Neo-ainmeil agus 40% ann an Sgìrean nach eil Neo-ainmeil. Tha comataidhean ionaltraidh airidh air 80% de reat tabhartais ann an Sgìrean Neo-ainmeil agus 60% ann an Sgìrean nach eil Neo-ainmeil.

Faodaidh maoineachadh do phròiseactan calpa airidheach gach taobh den phròiseact a chòmhach, a' gabhail a-steach cosgais stuthan, giùlan stuthan, cosgais chunnradairean agus an saothair fhèin. Tha nithean a tha airidh air taic thabhartasan a' gabhail a-steach: togalaichean, uachdair le còmhach cruaidh, ath-shiolachadh, stòradh giodar, drèanadh agus claiseadh, uidheam biadhaidh bheathaichean, goireasan làimhseachaidh bheathaichean, criosan fasgaidh, feansadh, solar cumhachd is uisge, solar uidheam dealanach agus frith-rathaidean ruigsinneachd.

Tabhartas Taigh Croite (CHG)

Tha an sgeama seo a' solarachadh thabhartasan do chroitearan gus iùrean taigheadais croitearachd a leasachadh 's a chumail suas, le amas air daoine a tharraing agus a chumail taobh a-staigh sgìrean croitearachd ann an Alba. Faodar maoineachadh de 40% de na cosgaisean suas gu £38,000 a chleachdad airson sgìrean àrd-phriomhachais agus suas gu £28,000 ann an sgìrean priomhachais coitcheann, airson ùr-thogalaichean, priomh chàraidhean, leasachaidhean a-staigh agus obair ath-thogail. Chan eil pròiseactan luach nas luga na £8,000 airidh air taic tabhartais fo CHG. Airson taighean ùr-thogte, tha raon de fhearrann air a dhi-chroiteadh mus tòisisichear a' togail, gus iasad coimearsalta fhaotainn. Tha cìsean co-cheangailte ri di-chroiteadh a' gabhail a-steach cìsean neach-lagha agus cìs ceannach airson an fhearin.

Tha airidheachd stèidhichte ann am pàirt air buileachadh plana gnothachais 5-bliadhna airson na croite. Tha cuibhreachadh ga chur air meud ùr-thogalaichean a tha co-cheangailte ris an àireamh

de sheòmraichean cadail. Thatar a' gabhail ri tagraighean fad na bliadhna ach tha co-dhùnaidhean dèante gu h-àbhaisteach ceithir tursan sa bhliadhna. Tha tagraighean gan rangachadh stèidhichte air àireamh de fhactaran, a' gabhail a-steach iadsan air an iomradh gu h-àrd.

Sgeama Gnàth-shìde Àrainneachd Àiteachais (AECS)

Tha AECS a' cur taic ri manaidsearan fearainn a tha airson am fearann a làimhseachadh gu buannachd fiadh-bheatha. Tha raon de roghainnean rim faotainn, a' gabhail steach buain anmoch air achaidhean saidhleids, agus stiùireadh air ionaltradh gus dion a chur air àrainnean agus eòin a' briodachadh. A thuilleadh air an sin, tha àireamh de roghainnean rim faotainn a tha gu h-àraid buntainneach do chroitearan agus tuathanasan beaga. Tha iad sin a' gabhail a-steach:



a-

Roghainn Stiùiridh

Stiùireadh Glèidheadh Aonadan Beaga
(suas gu 30ha)

Stiùireadh Crodh air Aonadan Beaga
(suas gu 20ha @ 2 ha/bò)
Machair air a bhuan

Reat Pàighidh

£77.78/ha

Gleidheadh - £107.38/ha
Tòiseachadh - £162.63/ha
£239.76/ha

Trèanadh

Chan eil teisteanasan foirmeil ann do chroitearachd. Tha teisteanasan àiteachais aig gach ìre rim faotainn bho SRUC. Tha cùrsaichean practaigeach aon no dà latha ag amas gu sònraichte air croitearan, air an tairgsinn le Caidreachas Croitearachd na h-Alba (SCF), a' gabhail a-steach chùrsaichean airson innteartan ùra gu croitearachd. Tha coinneamhan aon latha no feasgair mu chuspairean practaigeach is teicnigeach air an tairgsinn an-asgaidh le Seirbheis Comhairleachadh Tuathanachais (FAS), air an libhrigeadh le SAC Consulting, air feadh nan sgìrean croitearachd.

Stòran tuilleadh fiosrachaidh

Coimisean na Croitearachd - <http://www.crofting.scotland.gov.uk/>

Clàran Alba - <http://www.crofts.ros.gov.uk/register/home>

Caidreachas Croitearachd na h-Alba - <http://www.crofting.org/>

Pàighidhean Dùthchail is Seirbheisean - <https://www.ruralpayments.org/publicsite/futures/>

Innteartan Ùra SAC - https://www.sruc.ac.uk/info/120389/new_entrants

Seirbheis Comhairleachaidh Tuathanachais - <https://www.fas.scot/>